

Eagran sgoile

Na

Teisteanais

Nàiseanta



Clàr -innse

<u>Na Teisteanais Nàiseanta agad</u>	<u>3</u>
<u>Dè th'ann an Teisteanais Nàiseanta?.....</u>	<u>4</u>
<u>Rèiteachaidhean measaidh.....</u>	<u>6</u>
<u>Leasachaidhean.....</u>	<u>7</u>
<u>Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa.....</u>	<u>8</u>
<u>A' deanamh d'obair-chùrsa.....</u>	<u>9</u>
<u>A' cur a-steach d'obair-chùrsa.....</u>	<u>16</u>
<u>Dearbhadh.....</u>	<u>17</u>
<u>Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?.....</u>	<u>18</u>
<u>Ceistean cumanta.....</u>	<u>20</u>
<u>Na deuchainnean agad ann an 2024.....</u>	<u>22</u>

Na Teisteanais Nàiseanta agad 2023–24

Bidh an leabhran seo ag innse dhut dè dh'fheumas tu dèanamh nuair a tha thu a' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad airson Teisteanais Nàiseanta. Tha fiosrachadh feumail ann cuideachd air mar a thèid agad air ullachadh airson nan deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach.

Is urrainn do na tidsearan agad seo uile a mhìneachadh dhut cuideachd.

Dh'fhaodadh tu cuideachd an leabhran seo a shealltainn gu do phàrantan no cùramaichean gus an cuideachadh a bhith a' cumail fiosraichte.

Tron leabhran seo bidh sinn a' cleachdadh an fhacail '**obair-chùrsa**' a chiallachadh measaidhean sgrìobhte no practaigeach sam bith (gun a bhith a' gabhail a-steach deuchainnean) a nì thu airson nan Teisteanas Nàiseanta agad. Dh'fhaodadh gum bi seo a' gabhail a-steach pasgain-obrach, gnìomhan practaigeach, obraichean-sònraichte no pròiseactan, a rèir nan cuspairean a tha thu a' dèanamh.



Dè th' ann an

Teisteanais Nàiseanta?



Tha Teisteanais Nàiseanta gan gabhail, sa mhòr chuid, le luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean, ann an colaistean agus ann an cuid sheòrsaichean de dh'ionadan-trèanaidh ann an Alba. Is dòcha gum bi thu a' rannsachadh airson cuid de na Teisteanais Nàiseanta a leanas.

Aonadan Nàiseanta 1 agus cùrsaichean Nàiseanta 2 gu Nàiseanta 4

Bidh an tidsear agad gam measadh mar 'pas' no 'fàilligeadh'. Nan lùib seo tha measaidhean aonaid a bhios tu a' coileanadh tron bhliadhna. Bidh iad seo a' measadh sgilean, eòlas agus tuigse shònraichte aig ìrean den chùrsa.

Anns na cùrsaichean Nàiseanta 4 tha measadh air aonad luach leasaichte a bhios tu a' coileanadh ro dheireadh na bliadhna. Mar is trice bidh seo na obair-shònraichte no deuchainn a bhios a' measadh nan sgilean, an eòlais agus an tuigse a tha thu air leasachadh tron chùrsa air fad.

Deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Am bitheantas, bidh iad seo a' gabhail a-steach obair-chùrsa agus deuchainnean aig deireadh na bliadhna. Thèid an comharrachadh leinne agus an rangachadh A gu D.



Cùrsaichean Sgilean airson Obair

Bidh iad seo a' cur fòcas air na sgilean coitcheann a dh'fheumar airson soirbheas san àite-obrach, agus is àbhaist gum bi an tidsear agad gam measadh tro ghnìomhachdan practaigeach.

Baccalaureatan Albannach

Tha iad seo rim faotainn airson luchd-ionnsachaidh ann an S5 agus S6. Tha iad air an dèanamh suas de ghrunn theisteanas Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach, a bharrachd air 'pròiseact eadar-chuspaireil' a bhios air a rangachadh A gu D (coltach ris na deuchainnean). Bidh Baccalaureatan Albannach a' toirt comas do luchd-ionnsachadh an tionnsgnadh, cunntachalachd agus comas a bhith ag obair gu neo-eisimeileach a leasachadh agus fianais a nochdadh orra sin.

'S e pìos-obrach mòr a th' ann am '**pròiseact eadar-chuspaireil**' a chuideachas tu gus na sgilean, dòigh-smaoineachaidh agus misneachd a dh'fheumas tu a thoirt dhut gus gluasad gu foghlam àrd-ìre no cosnadh.



Duaisean

Is e seo seata de dh'aonadan co-cheangailte a tha tric nam pròiseactan agus obraichean-sònraichte a tha air am measadh an dàrna chuid 'pas' no 'fàilligeadh'.

Rèiteachaidhean measaidh

Ma tha feum agad air taic air sgàth ciorramachd no feum air taic a bharrachd, faodaidh an sgoil agad rèiteachaidhean a chur air dòigh gus cothrom co-ionann a thoirt dhut sealltainn do chuid eòlais, tuigse agus nas urrainn dhut a dhèanamh.

Faodar rèiteachaidhean measaidh a chur air dòigh airson obair-chùrsa agus dèanadas, cho math ri deuchainnean.

Ma tha thu feumach air rèiteachaidhean measaidh agus nam bu thoigh leat tuilleadh fhaighinn a-mach mun fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith freagarrach dhut, tha e cudromach gum bruidhinn thu ris an tidsear agad cho luath 's a ghabhas.

Mas fheàrr leat, faodaidh do phàrant no cùramaiche bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad às do leth.

Tha diofar seòrsaichean de rèiteachaidhean measaidh ann, a dh'fhaodadh atharrachadh a rèir cuspair, ìre agus an neach-ionnsachaidh. Tha iad seo a' gabhail a-steach pàipearan cheistean leasaichte agus atharrachaidhean dhan àrainneachd measaidh agus tìmeachadh.

Tha tuilleadh fiosrachaidh air rèiteachaidhean measaidh ri fhaotainn aig: www.sqa.org.uk/learnerassessmentarrangements

'Assessment arrangements' 'S iad 'rèiteachaidhean measaidh' rèiteachaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh gus comas a thoirt do luchd-ionnsachaidh a tha ciorramach no aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd a bhith a' sealltainn an eòlais, na sgilean agus tuigse buntainneach air a' chùrsa.

Leasachaidhean

Tha a' chuid as motha de chùrsaichean a-nis air tilleadh gu làn mheasaidh, mar a bha e ro na rèiteachaidhean a bha ann rè a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19. Am measg seo tha ath-shuidheachadh obair-chùrsa agus pàirtean de dheuchainnean a thugadh air falbh greiseag. Tha obair-chùrsa a' còrdadh ri mòran luchd-ionnsachaidh agus tha iad a' dèanamh math leis, agus tha e a' leigeil leotha sealltainn dè tha iad comasach air a dhèanamh gu practaigeach, air falbh bho dheuchainnean.

Tha sinn a' cumail atharrachaidhean air measaidhean ann an grunn chùrsaichean far am faca sinn fianais gun robh buaidh mhath aca air luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, ann an cuid de chùrsaichean, bha deagh bhuaidh air luchd-ionnsachaidh le bhith a' lughdachadh meud na h-obrach a dh'fheumadh an luchd-ionnsachaidh a dhèanamh no a' toirt dhaibh barrachd chothroman airson gnàthachadh is roghainn.

Chì thu clàr a tha a' sealltainn ciamar a thèid an cùrsa agad a mheasadh, a' gabhail a-steach atharrachadh sam bith a thathar a' cumail ann an àite, air an làrach-lìn againn aig **www.sqa.org.uk/nqassessment2024**




Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa



Faodaidh diofar sheòrsaichean de dh'obair-chùrsa a bhith an lùib an Teisteanas Nàiseanta, nam measg pasgain-obrach, gnìomhan practaigeach, taisbeantais, obraichean sònraichte agus pròiseactan. Bidh an seòrsa de dh'obair-chùrsa a bhios tu a' dèanamh a rèir a' chùrsa a tha thu a' rannsachadh.


Tha obair-chùrsa a' toirt dhut cothrom a dhearbhadh gu bheil thu eòlach air a' chuspair agad agus gu bhith a' cosnadh chomharran a dh'fhaodadh eadar-dhealachadh a dhèanamh don chomharra dheireannach agad. Bidh riathanasan eadar-dhealaichte ann airson gach pìos den obair-chùrsa. Innsidh an tidsear agad mun deidhinn.



Tha riaghailtean ann a dh'fheumas tu leantainn agus fiosrachadh ann a dh'fheumas a bhith agad mud obair-chùrsa. Tha e cudromach gun tuig thu na riaghailtean. Tha iad ann gus dèanamh cinnteach gum bi measaidhean obair-chùrsa cothromach dhan a h-uile duine.



Mura h-eil thu cinnteach às na riaghailtean, bruidhinn ris an tidsear agad. Bidh iad cuideachd comasach air innse dhut mu na dh'fhaodar tachairt ma bhriseas tu na riaghailtean. Gheibh tu tòrr fiosrachaidh chuideachail aig www.sqa.org.uk/learners



A' dèanamh d' obair-chùrsa



Tùsan-fiosrachaidh

Dh'fhaodadh gum bi cothrom agad mòran thùsan-fiosrachaidh eadar-dhealaichte a chleachdadh, leithid leabhraichean, an t-eadar-lìon agus TBh, san obair agad. Tha cleachdadh tùsan-fiosrachaidh eadar-dhealaichte na dhòigh mhath air ionnsachadh cuideachd. Ach, tha e cudromach gu bheil thu soilleir mu dheidhinn cò às a thàinig am fiosrachadh agad.

Chan fhaod thu dìreach lethbhreac a dhèanamh de stuthan bho thùsan-fiosrachaidh eile agus a chur a-steach mar gum b' e d' obair fhèin a bh' ann. Feumaidh tu nota a chumail den tùsan-fiosrachaidh uile a chleachdas tu air chor 's gum bi e soilleir dè an obair nach buin dhut fhèin. Is urrainn don tidsear agad innse dhut mar a nì thu seo, ach seo dhut beagan stiùiridh.

- Cuir 'cromagan turrach' timcheall teacsa sam bith a thàinig à tùsan-fiosrachaidh eile agus seall gu soilleir cò às a thàinig an teacsa sin.
- Thoir iomradh air diagram no dealbh sam bith a tha thu air chleachdadh bho thùsan-fiosrachaidh eile.
- Cruthaich leabhar-chlàr (liosta de thùsan-fiosrachaidh a chleachd thu) ma dh'fheumas tu. Bidh seo a' dol aig deireadh do chuid obrach.

Tuigse fuadain

Tha grunn innealan tuigse fuadain (innealan AI) ann leithid ChatGPT no Google Bard as urrainn teacs a agus stuthan eile mar ìomhaighean is claisneachd a chruthachadh, coltach ris na dhèanadh daoine. Tha bacaidhean aois air tòrr de na h-innealan AI seo is mar sin chan eil iad freagarrach dhan h-uile duine, agus faodaidh an teacs a nì iad a bhith ceàrr no faodaidh fiosrachadh taobhach a bhith annta. Leis nach eil am fiosrachadh earbsach, **chan faod thu innealan AI a chleachdadh no iomradh a thoirt orra mar thùsan-fiosrachaidh airson na h-obrach-cùrsa agad.** Chan fhaigh iomraidhean air innealan AI mar thùsan-fiosrachaidh comharran sam bith.

Faodaidh tu bruidhinn ris an tidsear agad gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn air tùsan-fiosrachaidh as urrainn dhut a chleachdadh airson na h-obrach-cùrsa agad, agus gus ullachadh airson deuchainnean.




Mèirle-sgrìobhaidh

Chan fhaod thu obair a chur a-staigh nach e an obair agad fhèin. Nuair a chanas tu gur e an obair is na beachdan agad fhèin a th' ann an obair is beachdan dhaoine eile (no obair a rinneadh le AI), canar 'mèirle-sgrìobhaidh' (no 'plagiarism') ri sin, agus 's e cealgaireachd a th' ann.

Mura comharraich thu tùsan-fiosrachaidh san obair-chùrsa agad, 's e mèirle-sgrìobhaidh a th' ann an sin cuideachd.


Chan e d' obair fhèin a th' ann:

- ma chaidh an obair iomlan no pàirt dhith a chruthachadh, no ma chaidh obair a dhèanamh oirre, le cuideigin eile
- ma chaidh an obair a dhèanamh le cuideigin a rinn obair-chùrsa den leithid roimhe
- ma chaidh an obair a dhèanamh mar eisimpleir obrach leis an tidsear agad
- ma tha thu air a thogail à leabhar, làrach-lìn no stòr aistidhean, no
- ma tha thu air lethbhreac a dhèanamh de dh'obair a chaidh a dhèanamh le inneal AI agus ag ràdh gur e sin an obair agad fhèin.



Cealg-chòrdadh


Ma dh'oibrich thu le daoine eile nuair a bu chòir dhut obair nad aonar, canar cealg-chòrdadh ('collusion') ri sin. Tha seo a' gabhail a-steach a' toirt cuideachadh, a' faighinn cuideachadh, agus a' roinn fhaclan-faire, faidhlichean is obair-phàipeir.




Tha gach duine a thèid an sàs ann an cealg-chòrdadh a' briseadh nan riaghailtean – chan e dìreach an duine a dh'iarr cuideachadh. Ma dh'iannas neach-ionnsachaidh eile cuideachadh bhuat (mar eisimpleir, cuideigin sa chlas agad), bu chòir dhut innse dha a bhruidhinn ris an tidsear.



Ma tha thu ag obair mar phàirt de bhuidheann (mar eisimpleir, pròiseact buidhne), feumaidh tu dèanamh cinnteach gur e an obair agad fhèin a th' anns an obair sgrìobhte a chuireas tu a-steach mar phàirt den obair-bhuidhne.



Ma tha duilgheadas agad le pàirt sam bith den chùrsa, iarr air na tidsearan agad airson comhairle. Chan fhaod duine sam bith eile a bhith an sàs, aig àm sam bith, sa chòmhradh no ath-bhreithneachadh air an obair-chùrsa agad.



Chan fhiach e

Chan eil e doirbh mèirle-sgrìobhaidh is cealg-chòrdadh aithneachadh.

- Bidh tidsearan eòlach air an obair agad agus aithnichidh iad atharrachaidhean san stoidhle sgrìobhaidh agad agus sa chainnt a chleachdas tu.
- Tha luchd-comharrachaidh mion-eòlach air a' chuspair aca agus mar sin bidh iad eòlach air iomadh tùs-fiosrachaidh.
- Bidh sinn a' cleachdadh bathar-bog a dh'aithnicheas mèirle-sgrìobhaidh agus cealg-chòrdadh. Bidh am bathar-bog seo a' maidseadh abairtean is teacs a chaidh a thogail nis na tùsan-fiosrachaidh às an tàinig iad. Tha am bathar-bog cuideachd a' cuideachadh ri obair a chaidh a dhèanamh le innealan AI aithneachadh.



Cainnt agus sgrìobhadh

Na cuir cainnt no ìomhaighean nad obair a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach no a tha dèanamh leth-bhreith. Ma nì thu seo, bidh luchd-comharraidh ga nannsachadh.

Cuimhnich gum feum obair-chùrsa sgrìobhte a bhith comasach a leughadh. Nì luchd-comharrachaidh nas urrainn dhaibh airson d' obair a leughadh, ach is dòcha nach bi e comasach dhaibh comharra a thoirt seachad ma tha do sgrìobhadh duilich a leughadh.

Àireamh fhaclan

Ma tha an obair-chùrsa agad a' toirt ìos-mheud no os-mheud fhaclan, feumaidh tu cumail ris - dh'fhaodadh do pheanasachadh mura cùm thu ris.



Duilleagan ghoireasan

Ann an cuspairean àraidh is dòcha gum bi thu ceadaichte duilleagan ghoireasan a chleachdadh. Innsidh an tidsear agad ma dh'fheumas tu duilleag ghoireasan a chleachdadh (canar riutha cuideachd 'duilleagan rannsachaidh' no 'duilleagan fiosrachaidh air a phròiseasadh') mar phàirt den obair-chùrsa agad, agus seallaidh iad dhut mar a chleachdas tu e. Mura h-eil thu cinnteach am bi feum agad air duilleag ghoireasan a chleachdadh, bruidhinn ris an tidsear agad.

Ma dh'fheumas tu duilleag ghoireasan a chleachdadh, tha e fìor chudromach gu bheil thu eòlach air na riaghailtean air a chleachdadh, oir dh'fhaodadh tu comharran a chall muna chleachd thu gu ceart i.

Feumaidh tu an duilleag ghoireasan agad a chur a-steach còmhla ris an obair-chùrsa agad. Mura dèan thu sin, tha e do-sheachanta gun caill thu 20 sa cheud de na comharran ainson na h-obrach-cùrsa agad.

Faic **'Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?'** air duilleag 19 ainson tuilleadh fiosrachaidh.



A' cur a-steach d' obair-chùrsa

Coimhead air an obair agad


Mus cuir thu d' obair-chùrsa a-steach, feumaidh tu deagh shùil a thoirt oirre agus dearbhadh:

- gur e an obair agad fhèin air fad a th' ann, agus gun do chomharraich thu gu cothromach a h-uile tùs-fiosrachaidh, diagram no dealbh a chleachd thu
- nach eil cainnt no ìomhaigheachd mhi-mhodhail, thàireil no oilbheumach ann
- gu bheil thu air an obair-chùrsa agad a chrìochnachadh a rèir nan stiùiridhean a thug an tidsear agad dhut, agus
- nach eil thu air obair a dhèanamh a' cleachdadh inneal AI agus air a chantail gur e an obair agad fhèin a th' ann.

Cinn-latha

Cuiridh an tidsear agad cinn-latha na h-obrach-cùrsa agad air dòigh. Tha e cudromach gun cuir thu an obair agad a-steach ron cheann-latha.

Ma tha thu ga fhaighinn doirbh cumail ri ceann-latha, bruidhinn ris an tidsear agad cho tràth 's a ghabhas feuch am faic thu dè dh'fhaodas iad dèanamh gus do chuideachadh.



Dearbhadh

Mus cuir an sgoil agad d' obair-chùrsa a-steach thugainn airson comharrachadh, iarraidh iad ort d' ainm a chur ri dearbhadh. Tha e glè chudromach gu bheil thu a' tuigsinn an dearbhaidh. Mura h-eil thu cinnteach à rud sam bith, faighnich dhan tidsear agad mu dheidhinn.

Seo an dearbhadh a dh'fheumas tu soidhnigeadh:



Tha mi a' dearbhadh:

- gu bheil mi air an leabhran Na Teisteanais Nàiseanta agad ('Your National Qualifications') aig SQA a leughadh agus a thuigsinn;
- gu bheil mi a' tuigsinn gum faod an SQA na rangan agam a lùghdachadh no a dhubhadh às far nach do lean mi ris na riaghailtean air an sònrachadh san leabhran Na Teisteanais Nàiseanta agad;
- gur e an obair agam fhìn air fad a th' anns an obair-chùrsa a tha an lùib an dearbhaidh seo, agus gu bheil a h-uile tùs-fiosrachaidh air a chomharrachadh agus air a thaisbeanadh gu soilleir;
- gu bheil mi a' tuigsinn gun tèid an obair seo a chur gu SQA airson comharrachadh.

Thoir fa-near: ma tha thu an dùil do chuid obrach fhoillseachadh no a roinneadh air-loidhne, feumaidh tu seo a thoirt gu aire do sgoile.

**Dè ma
bhriseas mi na
riaghailtean?**



Ma sheallas sgrùdadh gu bheil thu air niaghailtean sam bith a bhriseadh, dh'fhaodadh peanas a bhith ann, a dh'fhaodadh na leanas a ghabhail a-steach.

- Dh'fhaodadh gun tèid na comharran agad a lùghdachadh, no gum faigh thu neoni.
- Dh'fhaodadh gun caill thu an teisteanas airson a' chuspair sin.
- Dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile teisteanas agad airson na bliadhna air fad.

Cuimhnich



Feumaidh tu:

- an obair uile a dhèanamh leat fhèin
- iomradh a thoirt gu ceart air a h-uile tùs-fiosrachaidh
- sùil a thoirt air d' obair mus cuir thu a-steach i
- an obair agad a chur a-steach ann an deagh àm, agus
- duilleag ghoireasan sam bith a chleachd thu a chur a-steach.

Chan fheum thu:

- lethbhreac a dhèanamh de dh'obair neach sam bith eile
- obair còmhla ri cuideigin eile
- tuigse fuadain (AI) a chleachdadh gus an obair agad a dhèanamh, no
- faclan no ìomhaighean a chleachdadh a tha mì-mhodhail, tàireil no oilbheumach.

Ceistean a thathas a' cur oirnn gu tric mu dheidhinn deuchainnean...



Dè th' ann an tùs-dheuchainnean?

Tha 'prelim' goirid airson 'preliminary exam', no tùs-dheuchainn. Bidh a' mhòn-chuid de sgoiltean a' ruith tùs-dheuchainnean gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus deuchainnean a ghnàthachadh, gus fios air ais a thoirt thuca air an cuid coileanaidh, agus gus an cuideachadh a bhith ag aithneachadh dè cho math 's a tha gach neach-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas sa chùrsa. Bidh an sgoil agad a' cur romhpa am bi agus cuin a bhios iad a' ruith tùs-dheuchainnean am-bliadhna.



Am bi SQA a' comharrachadh nan tùs-dheuchainnean?

Bidh na pàipearan-cheistean a bhios tu a' dèanamh rè nan tùs-dheuchainnean air an cruthachadh leis an sgoil agad, agus bidh iad air an comharrachadh leis na tidsearan agad.



Cò bhios a' comharrachadh na h-obrach-cùrsa is nan deuchainnean agam?

Bidh sinn a' comharrachadh a h-uile pàipear-cheistean (deuchainn) airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach, agus bidh sinn cuideachd a' comharrachadh na cuid as motha den obair-chùrsa airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach. Tha cuid de dh'obair-cùrsa air a mheasadh leis an tidsear agad, agus bidh sinn a' dèanamh sgrùdaidhean càileachd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' comharrachadh a rèir na h-ìre nàiseanta.



Cuin a gheibh mi na toraidhean agam?

Gheibh thu toraidhean do dheuchainnean tron phost air **Dimàirt 6 Lùnastal 2024**. Bidh sinn cuideachd a' cur nan toraidhean agad don sgoil. Ma tha thu air iarntas a dhèanamh airson oilthigh no colaiste tro UCAS (Seirbheis Inntrigidh Oilthighean agus Cholaistean), bidh iad a' faighinn do thoraidhean cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad tron phost air latha nan toraidhean, cuir fios chun na sgoile agad. Faodaidh iadsan na toraidhean agad innse dhut agus obair còmhla rinne gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.



Dè th'ann am MySQLA

Bidh MySQLA gad cheangal gu dìreach rinn. Bidh e a' cumail fiosrachadh air na teisteanais agad agus fiosrachadh pearsanta mu do dheidhinn agus, ma tha thu a' gabhail deuchainnean, faodaidh tu na toraidhean agad fhaighinn tràth tro phost-d no teacs. Clàraich air a shon aig www.mysqla.org.uk



Tha dà dheuchainn agam aig an aon àm no aon às dèidh a chèile air an aon latha. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Sa chiad dol a-mach, bruidhinn nis an sgoil agad. Faodaidh iadsan sùil a thoirt air rèiteachaidhean eile a ghabhas cur air dòigh dhut.

Na deuchainnean agad ann an 2024

Is urrainn dhut clàr-ama nan deuchainnean fhaicinn aig www.sqa.org.uk/timetable. Tha seo a' sealltainn nan ceann-là agus amannan airson nan deuchainnean agad.

Faodaidh tu an aplacaid SQA MyExams a luchdadh a-nuas agus an clàr-ama pearsanta agad a chruthachadh agus fhaicinn, notaichean a chur ris, agus an clàr-ama pearsanta agad a chur ri mìosachain eile.


Gabhaidh na deuchainnean 2024 **àite bho 22 Giblean gu 30 Cèitean.**

Bheir sinn leabhnan eile dhut, 'Na Deuchainnean Agad' ('Your Exams'), anns a' Mhàrt. Innsidh seo dhut tuilleadh mu na thachras anns na deuchainnean agus na bhios agad ri dhèanamh.



Barrachd taic is fiosrachadh

Gheibh thu an leabhran ‘Na Deuchainnean Agad’ (‘Your Exams’) ro dheireadh a’ Mhàirt 2024. Bheir seo seachad tuilleadh fiosrachaidh air measaidhean, agus faodaidh tu cumail fiosraichte mun fhiosrachadh as ùire aig:



www.sqa.org.uk/learners



www.sqa.org.uk/nq24

Gus fios fhaighinn air càit am faigh thu barrachd taic, a’ gabhail a-steach ceanglaichean ri buidhnean nis am faod thu bruidhinn ma tha thu a’ faireachdainn iomagaineach, tadhail air:



www.sqa.org.uk/learnerssupport

A bheil ceist agad?

0345 279 1000

www.sqa.org.uk/learners



Tha sinn airson cluinntinn bhua

Tha SQA an-dràsta a' rannsachadh dòigh-obrach 2023 a thaobh measadh Teisteanasan Nàiseanta. Tha e cudromach gun tuig sinn mar a dh'obraich an siostam ann an cleachdadh, agus gun cluin sinn ur beachdan. Ma rinn thu deuchainnean Teisteanasan Nàiseanta ann an 2023, feuch an sgan thu an còd QR airson an t-suirbhidh a ghabail.

